

Tuath

Tuath Àireamh 6, 2022

Air a dheasachadh le Marcas Mac an Tuairneir



Cuimhneachain air
Ruaraidh MacThòmais is
Uilleam Nèill

Ruaraidh MacThòmais

Anna Frater



BHA 2021 a' comharrachadh ceud bliadhna bho rugadh am bàrd, Ruaraidh MacThòmais, agus tha e iomchaidh gum biomaid a' toirt sùil air an dìleab a dh'fhàg an aon duine seo aig saoghal na Gàidhlig, gu h-àraidh a thaobh litreachas a' chàinain.

Rugadh MacThòmais ann an Steòrnabhagh ann an 1921, ach b' ann am Pabail a fhuair e àrach, an dèidh dha athair, Seumas MacThòmais – a bha e fhèin na bhàrd – dreuchd Mhaighstir-sgoile Sgoil Phabail a ghabhail ann an 1922. Bhuineadh athair do Thunga agus a mhàthair do Cheòs, ach b' e Rudhach a bh' ann an Ruaraidh. Tha fiù mar a bhiodh e a' sgrìobhadh ainm ag innse sin dhuinn: Ruaraidh, seach Ruairidh, a' nochdadh fuaimneachadh an ainm ann an Gàidhlig an Rubha.

Bha e na shàr-sgoilear. Fhuair e fhoghlam ann an Sgoil Phabail, Sgoil MhicNeacail, agus Oilthighean Obar Dheathain, Cambridge agus Bangor anns a' Chuimrigh. Bha e anns an RAF bho 1942-45, agus cha mhòr nach do rinneadh oifigear dheth, ach mar a dh'innis e fhèin sa phrògram telebhisein a chaidh a dhèanamh ma bheatha, *Creachadh na Clàrsaich*, cha do chòrd na freagairtean aige ris na daoine a bha ga cheasnachadh airson an dreuchd, nuair a chaidh e sìos a Shasainn airson agallamh. Thill e gu foghlam as dèidh a' chogaidh, agus bha e a' teagasg ann an Oilthighean Obar Dheathain, Oilthig Dhùn Èideann agus Oilthig Ghlaschu, mu dheireadh na Àrd-ollamh air Roinn na Ceiltis ann an Glaschu.

Mar bhàrd, mar sgoilear agus mar fhoillsichear, dh'fhaodadh a ràdh gun do rinn MacThòmais barrachd dhan Ghàidhlig san fhicheadamh linn na duine sam bith eile. Còmhla ri Fionnlagh I. MacDhòmhnaill, stèidhich e an ràitheachan *Gairm* ann an 1952, agus bho 1964 bha e leis fhèin mar fhear-deasachaidh agus mar cheannard air *Gairm Publications*. Tha e iongantach a bhith a' smaoinneachadh le seo gun tug e a-mach còrr is 150 iris den ràitheachan leis fhèin. Bha *Gairm* air leth cudromach a thaobh litreachas na Gàidhlig, oir cha b' e iris a bha ga h-amas air sgoilearan

na Gàidhlig a bh' ann, ach air luchd-leughaidh na Gàidhlig, ge b' e cò iad. Bha sin cudromach. Ged a bha lèirmheasan air leabhraichean agus sgrìobhadh sgoilearach a' nochdadh ann, bha àite ann do naidheachdan beaga, naidheachdan nàiseanta agus eadar-nàiseanta, fealla-dhà, eachdraidh agus colbhan beachd, deilbh air an tarraing le làimh agus deilbh air an togail le camara, sgeulachdan agus bàrdachd sean agus ùr, a' ciallachadh gun robh rudeigin anns gach àireimh dhan h-uile seòrsa leughadair. Bha e a' dèanamh leughadh na Gàidhlig mar rud a bhuineadh dhan choimhearsnachd, agus chan ann dha luchd an fhoghlaim a-mhàin.

Eadar clò Ghairm, clò Oilthig Ghlaschu agus clò Oilthig Obar Dheathain, cho math ri Clò Chailleann, chuir MacThòmais mu ceud leabhar gu leth an clò. B' e a stèidhich Comhairle nan Leabhraichean ann an 1968, b' e fear-deasachaidh *Scottish Gaelic Studies* eadar 1962 agus 1976, agus bha e grunn bhliadhnan mar cheannard air an *Scottish Gaelic Texts Society*. Tha e inntinneach – eagallach? – beachdachadh air càite am biodh sgrìobhadh agus foillseachadh na Gàidhlig anns an latha an-diugh, mura biodh an obair ionmholta a rinn MacThòmais.

Cha do stad e fhèin a sgrìobhadh nuair a leig e seachad a dhreuchd san oilthig ann an 1991. Chùm e *Gairm* a' dol gu 2002 (nuair a bha e fhèin 81 bliadhna a dh'aois), agus bha leabhraichean sgoilearach agus cruinneachaidhean de bhàrdachd a' nochdadh gu faisg air deireadh a bheatha, leis a' chruinneachadh mu dheireadh de bhàrdachd fhèin, *Sùil air Fàire*, ga fhoillseachadh ann an 2007.

Ach, 's ann mar bhàrd as fheàrr a tha

daoine eòlach air MacThòmais, agus chan eil teagamh sam bith gun tug an t-eilean dham buineadh e, Leòdhas, buaidh air a bhàrdachd agus air a dhòigh smaoinneachaidh tro na bliadhnaichean.

Tha mi airson sùil a thoirt air na diofar seallaidhean den eilean a nochdas ann am bàrdachd MhicThòmais, agus na diofar dhòighean anns an tug e buaidh air, ge b' ann a thaobh eachdraidh no cànan no cruth-tìre.

A' tòiseachadh aig an toiseach, ma tha, leis a' chruinneachadh aige, *An Dealbh Briste*, a chaidh fhoillseachadh ann an 1951. Anns a' chiad dà rann den dàn 'Fàgail Leòdhais, 1949', tha e a' toirt iomradh air a bhith a' fàgail air itealan agus a' toirt dhuinn dealbh ùr den eilthireachd, seach a bhith a' falbh air bàta. Os cionn an eilein chì e:

Tràigh Thuilm dol n' as lugha
'S a' Chearc dol 'na h-isean...

Ach tha e an uairsin a' beachdachadh air na faireachdainnean aige fhèin mun eilthireachd:

'S chan iarrainn-sa falbh as na fuireach,
Chan iarrainn-sa fuireach na falbh as,
Ach ghiùlan an tràigh dheth mi 'n uiridh.

Tha an sgaradh a tha seo a' ruith tro bhàrdachd MhicThòmais. Aithneachadh air iartras nach gabh a choileanadh, ag iarraidh a bhith ann an Leòdhas, air a bhogadh anns an dualchas, ach aig an aon àm ag iarraidh a bhith ris an obair sgoilearachd, an obair foillseachaidh, na slighean nach robh comasach dha a leantainn ann an Leòdhas aig an àm sin. Mar a thuirt e ann an dàn eile, rinn e a dhachaidh 'eadar dhà dhùthaich'.

A dh'aindeoin sin, bha cho cudromach 's a bha am baile far an deach àrach dha follaiseach anns na comharran stiùiridh a thèid ainmeachadh na dhàin, agus ann an dàn leithid 'Pabail'. 'S dòcha gu bheil 'a' churracag a' ruith 's a' stad' san dàn seo a' riochdachadh inntinn fhèin, a' ruith 's a' stad, a' falbh 's a' fuireach, ach na ceangalan gan lagachadh, ge b' oil leis.

'S dòcha gur e 'An Tobar' an dàn as aithnichte a-mach as a' chiad chruinneachaidh seo. An seo, tha MacThòmais a' meòmhrachadh air dualchas agus eòlas a tha an ìmpis dol a-mach à bith, air na daoine aig an robh an fhiosrachadh a bha esan a' sireadh, agus e a' cleachdadh ìomhaigh làidir, a tha furasta ri thuigsinn, gus na smuaintean aige a chur an cèill: dualchas agus cànan nan Gàidheal air an riochdachadh le tobar a th' air a thachdadh le raineach a tha 'ga fhalach bho shireadh 's bho rùintean, / 's ga dhùnadh 's ga dhùnadh.' Cha mhòr nach eil an dàn seo na chumha do dhòigh beatha a bha a' dol a-mach à sealladh, agus am bàrd a' caoidh nan tobraichean-fiosrachaidh a chailleadh leis gach ginealach.

Anns an dàrna cruinneachadh de bhàrdachd, *Eadar Samhradh is Foghar*, a chaidh fhoillseachadh ann an 1967, tha MacThòmais a-rithist a' cleachdadh àiteachan agus seallaidhean òige gus a theachdaireachd a chur an cèill. Anns an dàn fhada, 'Mu Chrìochan Hòl', tha e a' beachdachadh air cho sìmplidh sa bha a bheatha na òige, agus a' dèanamh coimeas eadar sin agus an duine a th' ann a-nis, le bhith a' dèanamh coimeas eadar na dh'ionnsaich e san seòmar-sgoile is na dh'ionnsaich e air a' bhlàr a-muigh. Tha e a' togail air obair a' bhaile, agus mar a bha obair fhèin an cois gach ràithe, ach, a-nis:

Chaidh Earrach 's Samhradh 'nan aon latha buan,
Foghar is Geamhradh suainte san aon oidhch;

Tha cuimhne a' bhalaich, a chuimhne air eilean agus air a sgìre fhèin, agus an dealachadh bhuapa ann an tìm agus ann an t-astar, fhathast ga bhuaireadh, mar a chì sinn ann an 'Rathad an Rubha'; ach chanainn gur dòcha gur e an dàn, 'Aig an Uinneig', as grinne a chuireas na faireachdainnean aige mu bhith air falbh bhon eilean, agus mar a tha e daonnan air inntinn, ge b' oil leis: 'Teann 's ga bheil an uinneag sin dùinte / thig boladh a-steach oirr' gu cùbhraidh geur.

Mar a chithear anns 'An Tobar', bha meas is urram aig MacThòmais dha na daoine a bha mun cuairt air is e ag èirigh suas, agus tha seo a' tighinn troimhe sa mharbhrann a rinn e dha 'Mucka' – Murdag Mhòr – a bhàsaich ann an 1957. Anns an ath chruinneachadh a thug MacThòmais a-mach, bha dealbh

Do Dhòmhnall MacAmhlaigh nach maireann

MEG BATEMAN

Bidh mi ag ionndrainn do bhròn
a bha ionraic,
nach rachadh a bhreugnachadh,
nach mealladh am fasan.

Thuig thu
nach cuireadh càch
diù ann am fuamhairean do chridhe.
Dhiùlt thu an cur à àite.

Chunnaic thu gun robh do dhùthchas
a' sioladh dhan mhòine,
gun dol às aig a' ghaol
ach blasad na snighe seirbhe.

To the late Donald MacAulay

*I miss your sadness
that was honest,
that did not look for comfort,
was unimpressed by fashion.*

*You understood
that the giants of your heart
went unnoticed by others.
You refused to replace them.*

*You saw your culture
was sinking in the peat,
and love had no escape
but to taste the bitter ooze.*

a cheart cho blàth ga thoirt dhuinn de phiuthar Murdaig, Cotriona Mhòr, ‘gam chur ri uair a’ bhaile / leis a’ ghliocas sin / nach robh an eisimeil leabhraichean’. ‘S ann sa chruinneachadh seo cuideachd, *An Rathad Cian*, a tha Leòdhas mar chuspair do-sheachainte. Bho ‘Air Mòinteach Shuardail’ gu ‘Caitean air uachdar Loch Eiriosort’, tha an t-eilean mar shamhla agus mar chuimhne a’ nochdadh a-rithist is a-rithist. ‘S dòcha gur iad na dàin far a bheil e a’ bruidhinn ris an eilein, seach ma dheidhinn, as cumhachdaiche, ge tà; dàin leithid ‘Bùrn is mòine is coire’ agus ‘Dh’fhairich mi thu le mo chasan’, far a bheil e a’ strì ri ceangal a dhèanamh ris an eilein a-rithist: ‘le mo chasan rùisgte air fàd ri taobh na cagail.’

Chì sinn anns a’ chruinneachadh seo cuideachd geur-chainnt MhicThòmais, agus an taobh spòrsail dheth, ged nach robh an spòrs an còmhnaidh ri fealla-dhà, mar a chithear ann an ‘Cuthag is Gocoman’:

Hileabhag, hoileabhag, ho oro ì
Chuir cuthag á nead m’ òige mi...

Ciod e ’n t-ainm a bh’ air a’ chuthaig?
Foghlam Beurla is cion-diutha...

Agus air an aon chuspair:

Ceud blianna sa sgoil
is sinn nar Gaidheil fhathast!
Cò shaoileadh gum biodh an fhreumh cho righinn?

Tha ìoranas a’ nochdadh uair is uair, mar anns an earrann seo às an dàn ‘An Crann’:

“Se farmad a nì treabhadh” –
feumaidh gun do dh’ fhalbh e
às a sgìre againn,
tha a h-uile lota bàn am blianna.

Tha àbhachdas a’ nochdadh cuideachd, dìreach anns na deilbh a chruthaicheas e an inntinn an leughadair ann an dàn leithid ‘Leòdhas as t-samhradh’ agus ‘Dol a-null air a’ Bhràighe’.

Ann an *Smeur an Dòchais*, a chaidh fhoillseachadh ann an 1991, tha e a’ tilleadh a Leòdhas, ach a-nis tha e a’ gabhail ris nach eil an t-eilean a dh’fhàg esan, an t-eilean a tha e ag ionndrainn, ann tuilleadh. Chì sinn seo ann an ‘Ceòl’, agus anns an rann mu dheireadh den dàn ‘Aig Cuirm-Ciùil Leòdhais ’s na Hearadh, 1987’, far a bheil e ag ràdh: ‘... chan eil ann, dhutsa, ach an seann òran, / is faileas.’

Chan eil Leòdhas mar chuspair a’ nochdadh cho tric ann am *Meall Garbh*, a

chaidh fhoillseachadh ann an 1995, agus aire a’ bhàird barrachd air eachdraidh na h-Albainn, agus gu h-àraidh Siorrachd Pheairt, far an robh a dhachaigh aig aon àm, ged a tha iomradh air mar a tha ‘ceòl nan salm’ agus ‘preasantair Leòdhasach air an rèidio’ ga thoirt dhachaigh gu làithean òige.

Bha againn ri feitheamh gu 2007 airson an ath chruinneachadh de bhàrdachd MhicThòmais, an cruinneachadh mu dheireadh aige, *Sùil air Fàire*, agus e a’ tòiseachadh le earrainn air an tug e ‘Leòdhas a-rithist’. Faisg air 70 bliadhna bho dh’fhàg e, agus an t-eilean fhathast air inntinn. Anns na dàin a nochdas an seo, chanadh gu bheil e air gabhail ris nach eil Gàidhlig gu bhith maireann, beachd dhuilich dha-rìreabh dha fear a chur seachad a bheatha ann a bhith a strì gus a neartachadh agus a leasachadh.

Ann an ‘Àros nan Sean’, tha e a’ tòiseachadh leis an loidhne: ‘Chunnaic mi ’Ghàidhlig faisg air a’ bhàs’, agus e a’ toirt iomradh air sgìrean air Tìr-Mòr far an do thachair sin, ach a-nis, tha:

tachdadh sa bhràighe
is ciorram an ceòs,
liota san teanga
(mas teanga an tung),
tràghadh an ùige
is monbar am mùirneig
’s na cnàmhan gu bhith ris
a-nis.

Chanainn gur anns a’ chruinneachadh sin a tha dàn cho brèagha de na rinn e, ‘Seann Daoimean’, far a bheil e ag innse dhuinn, ma thèid Gàidhlig a-mach à bith, na bhios air a chall na cois. Chanainn gur e daoimean a th’ anns an dàn fhèin, a tha a’ crìochnachadh leis na facail seo:

Nuair a dh’ fhalbhas ar cainnt
mar a dh’ fhalbh an Laideann,
is mìltean eile,
mairidh beagan den mhilse,
thig boillsgeadh den loinn
an-àird às an doimhne
gu uachdar na cuimhne
’s tro mhorghan time
is uaignean eachdraidh
thig corra lasair
bhon t-seann daoimean.

Biomaid an dòchas, san t-seagh seo, gun robh e ceàrr, agus gun cùm sinn oirnn a’ togail air na buin-stèidh a chruthaich e dhuinn, a thaobh sgoilearachd, a thaobh litreachais, agus gu h-àraidh a thaobh a bhith a’ toirt spèis agus urram dar dualchas fhèin. ■

Tùsan:

Bateman, Meg, Thomson, Derick Smith [Ruaraidh Mac Thòmais] anns an Oxford Dictionary of National Biography, 2016. <https://doi.org/10.1093/ref:odnb/104990>
BBC, Creachadh na Clàrsaich, 2000.
MacThòmais, Ruaraidh, Sùil air fàire, Acair, Steòrnabhagh, 2007.
MacThòmais, Ruaraidh, Meall Garbh, Gairm, Glaschu, 1995.
MacThòmais, Ruaraidh, Smeur an Dòchais, Canongate, Dùn Èideann, 1991.
Thomson, Derick S. An Dealbh Briste, Serif Books, Dùn Èideann 1951.
Thomson, Derick, Creachadh na Clàrsaich, MacDonald Publishers, Dùn Èideann, 1982.

Fàilte

MÀIRI NICGUMARAID

Fàilte dhachaigh
Dhan na claisichean
Far an d’fhuairas
Fuaraidhean nan geamhraidhean
A ribeagan nan clos
Far am faicear
Ceuman coigrich
Drùidheadh alltan fala
Mar shruthan cala
A dòigh beatha
Chnàmhaidh fhalaimh
Fàilte dhachaigh
Ma dhachaidh dhut

Fàilte dhan dùthaich
Mhnathan is fhearaihbh
Lorgaibh cagail
An tobhta mòintich cearaich
Pìocan làimhe sint’
Coimheadaibh tharaibh
Sgrìoban làraich
Cuislean obair earraich
Mar fhianais bàis
Luchd fearainn
Chuireadh cridhe dhan àit’
Fàiltibh dhachaigh
Ma dhachaigh dhuibh

Fàilte dhachaigh
Dhan tìr bu mhìn
Bu mhìne aithne
Aimhreadh fo shuain
Siribh samhlas
Eòlais cheanail
Greimibh fiosradh coimheach
Is thoiribh a chreids’
Gum b’ e seo a bu dual
Mura b’ e a bu mhiann
’S nach b’ e call bhith ’n dìth
coire
Fàilte dhachaigh
A dhìth dhachaigh brìgh

Did You See My Wellie?

MÀIRI NICGUMARAID

Did you see my wellie
It was right here
By my belly
When I took a *norrag*
In the scullery
The *being’s* a bit old fashioned
Hardened disimpassioned
But good enough for kipping
In your overalls
May be a bitty smelly
When you’re just in
From the dipping
But still an’ all secluded
When you’re not included
Further down the hall
So did you see my wellie
It was right here
By my belly
A string tied round my *corrag*
For to hang the hay
On the fence of the reseeding
Where the *othaisgean* are feeding
But I can’t get away
When I haven’t got my wellie
My knees’ll turn to jelly
In the mud and the clay
So did you see my wellie
It was right here
By my belly
Now I’m stuck
Here out the back
And there’s football on the telly
But without my other wellie
And the hay
Still in the sack
I won’t see the game
Holey bobbans
What a shame
Did you see my wellie
If you see it
Or my lovely lady Nellie
Will you tell her that I need it
And that I didn’t mean it
When I said
Her mammy’s best
Òrdaighean tweed suit
Was as dampy sweaty smelly
As my own dear wellie boot



Crìostóir de Piondargás

Làmhnan a' Ghlainneadair

DEBORAH MOFFATT

Chan eil aithreachas orm.
Seall air mo làmhnan ciormach,
mo mheuran briste, lotan na creòtachd.

Bha mise nam phrìosanaich, mise a chùim
mo bheul dùinte 's m' inntinn gleusta.
Shoirbhich mise.

Bha mise nam ghlainneadair, mo làmhnan deasa
a' cruthachadh obrach-ealain à cnapan geala
de ghlainne leaghte.

Bhàsaich mòran. Chan eil agam
ach mo làmhnan briste mar fhianais.
Sealladh a h-uile duine air a shon fhèin.

Fhuair mi comraich anns an t-Suain,
tìr na coille uaine 's an t-sneachda bhàin,
's solas an là air oidhcheannan fada samhraidh.

Chruthaich mi beatha ùr.
Thog mi taigh is teaghlach is teallach,
gam gharadh ris an teine tron gheamhradh gheur.

Thachair na thachair.
Cha toir mi sùil às mo dhèidh. Ach seall –
seallaidh mi dìreach dhan ghlainne fhìorghlain.

Marbhrann do Bhàrd

DEBORAH MOFFATT

Mar dhuilleagan seargte as t-fhoghar
sgaoilte thar na faiche,
tha na faclan uile agam nan laighe
sgapte thar an làir,
faclan caithte, crìonnte, gun adhbhar, gun fhìu

Agus mar sheann àrdh le rongan briste,
tha uidheaman mo cheàird –
meataforan is ìomhaighean is briathrachas –
air an càrnadh suas
ri taobh a' bhalla, gun fheum, salach le dust

Agus mar chuileig-bhig
glacte ann an lion an damhain-allaidh,
tha mise air mo ribeadh
anns na sreathan cearbach 's na faclan cailte
de mo mharbhrann fhìn.



Crìostóir de Piondargás

Dà Dhàn ann an Gàidhlig Àird MhicShimidh

Faclan air Chomhach

EÒGHAN STIÙBHART

a-nochd mu chrìoch a' bhaile
bha na speirichean cho glan
ri glainne as dèidh fion-gheur
fàradh mòr air Iupatair is Sathairn
ged nach robh athair is mac
an gara dha chèile
mar bu ghnàth dhaibh
an Nollaig sa chaidh;
choisich mi tron oidhche
feadh lonaigean nam feadag
gu starsaig na coille
far an robh am firadan
a' teàrnadh a-nuas na gaig
fos cionn na Pàirce Dhuibh
le Allt an Ionnlaid ro thioram
is e pollach gun driosg
a' drùidheadh tro na pìoban
fo na taighean chun an Fhuarain;
feuch! chuala mi a' chomhachag
is fuaim eile mar gun cuala mi
a' ghrolag air meur a' ghiuthais
air Creag a' Chàirn a' diosgail
no am mangan soithidh
a' sporbhail le laicean na shùilean
is e ri seolaid tron dorachdas
faiceallach 's fuirearach
no dìreach Gàidhlig na h-Àirde
a' cagairt air oiteagan
ag èirigh o chridhe na creige
mar bhraras an uillt nuaidh

Bealltainn fo Sgàil Covid-19

EFREM JONES

Am bliadhna,
Cha bhi teine air a' chnoc
Cha danns' mi ma thimcheall
Cha leum mi thairis
Chan fhairich mi a ghriosan fodham
No bilean mo bhràmair a phògann
An dèidh dannsa, fad na h-oidhche.

Am bliadhna, nam aonar,
Fosglaidh mi doras a' chidsin
Leis an truinnsar bheag nam làimh
Làn de dh'fheòil airson a chur sìos
Faisg air an uinneag
Mar thabhartas an fhuatha
Airson beannachd a ghabhail bhuapa.

A-nochd,
Chuimhnich mi sgeul Pesach
Samhlaidhean nan Iùdhach
Airson Aingeal an Aoig
Gun sgiathadh e thairis nan taighean
Gun ùidh anns a' chloinn aca
Sàbhailte nan suain.

'S dòcha gun tachair Pesach ùr an-diugh
Is nach tig a' bhìoras a-nochd.

'S tu a tha air do mheadhan latha

EÒGHAN STIÙBHART

'S ann air Àird MhicShimidh chanadh ris
nuair a bha fear aig bàrr na bheatha
gach beus gach buadh an òrdugh dha
is e eangach, greannmhor, gleusta
gach neart na dhòrn is toiniseg annsan
is e tapaidh, sgairteil, maiseach
“'S tu a tha air do mheadhan latha”
is gu dearbh nuair a bhios a' ghrian
fos cionn Fearn Mhaigh is Blàr nam Fèinne
far a bheil cnoc is bruaich is gàig ann
chan eil cliù no urram nas motha na sin
mar a bha thu fhèin nad àirde measg nan daoine

ach 's iomadh bàrr, 's iomadh buaidh,
's iomadh griannadh aig iomadh uair
a tha an taic Bhràigh na h-Àirde
nuair as t-Earrach sheasar air an Leacainn
a' faicinn èirigh is dol fodha na grèine
cuid air dòigh is a' ghrian tro na sgòthan
mu shia feasgar a' fosgladh uinneag Mhic Chuithean
cùl Bheinn a' Bhathaich Àird fos Fhair
is cuid nan glòir am meadhan-samhradh
is i na bile òir air Cabar Beinn Uabhais
Glas Leathad Mòr a' deàrsadh le lasair
mar èibhleag mhòr na creige-lathaich

S mise a bha air mo dhà uair feasgar
air Creag a' Chàirn a' clìoraig conaisg
Dà uair feasgar geamhradh Dùbhlachd
a' fàradh bhuam air Creag Phàdraig
far an do thog mi mo shùilean airson cobhair
is a' ghrian a' cromadh 's a' crùnadh
an latha le solas tro chraobhan is ceòthar
is mi a' gearradh cràdh às a' choille shneachdach
is E a' cur mo chasan air carraig chòmhnard
ach bha cuimhn' 'am ort fhathast is do chall
nuair bha thu air do dhà uair sa mhadainn
is a dhith ort eadarag is fear-coimhid

Seachran

CALUM L. MACLEÒID

leig leam
seasamh nas lugha
na dà mheatair bhuit

leig leam
do làmh salach
a ghabhail

leig leam
do mhasg thoirt dhiot
mo bhilean a chur
rid bheòil chunnartach
mo ghnùis
a' fàs fliuch
le d' anail

leig leam
mo lionadh
leat

BHA E A' tachairt anns an 16, a' dol suas bhon Talla Usher gu Oxfangs anmoch air an fheasgar. Aig an àm seo, dh'fhuirich mi air Rathad Lodainn, ach bhithinn a' dol gu taigh m' antaidh gach Didòmhnaich gu dinnear. Bha e fliuch agus dorcha a-muigh, ach taobh a-staigh a' bhuis, bha e a' faireachdainn coltach ri amar-snàimh, smùid ag èirigh bho bhrògan aithidh agus sgàilean-uisge. Dh'fhairich mi an-còmhnaidh beagan mì-shocair anns a' bhaile mhòr seo ach air a' bhus, cha robh duine sam bith a' faighneachd dhìom càit an robh mi a' dol no dè bha mi a' dèanamh. B' urrainn dhomh an saoghal a' choimhead, ach cha b' urrainn dha-san m' fhaicinn-sa.

Mhothaich mi fuaim air an robh mi eòlach air mo chùlaibh. Dìreach facal no dhà aig an toiseach, ach nuair a ghlus mi a-steach, bha e furasta na guthan a thogail a-mach bho na fuaim eile den bhus. Thionndaidh mi mo cheann beagan agus an cluinntinn na b' fheàrr.

"Och, yeah, ceart gu leòr. Dìreach trang mar as àbhaist, ach chaidh mi a-mach do lòn le Sophie agus bha sin snog."

Thionndaidh mi beagan a' bharrachd, agus chunnaic mi làn an òg air mo chùlaibh. Fairichidh mi an-còmhnaidh sona nuair a chluinneas mi a' Ghàidhlig, mar chur m' aodaich-oidheche bhlàith orm, às dèidh a bhith a-muigh san uisge. Pios beag ro-eòlas am measg muir a' choimheachais.

Choimhead mi a-mach air an uinneig le snodha-gàire beag, oir bha mi a-nis nam phàirt den choimhearsnachd os ìosal air a' bhus, an àite a bhith gu tur nam aonar. Car tiotaibh, bha mi air a' bhus còmhla ri mo sheanmhair, a' coimhead a-mach air sgoth-sheòlaidh a' tighinn thairis na Maoile. B' e latha garbh a bh' ann, agus chunnaic sinn i air tonnan luasgach, cathadh-mara ceithir timcheall oirre.

"Cha bu chòir dhì a' bhith air muir an-diugh," thuirt mo sheanmhair.

"Thèid a dochair".

Choimhead mi fear air an sgoth-sheòlaidh, a' riofadh an seòil, ga dhèanamh na bu lugha agus na bu lugha, gus nach robh e na bu motha na sgiath ealaidh. Le sin, chaidh an sgoth na bu shèimhe tron mhuir fhiadhaich, agus bha fiamh orm ron duine eòlach, cheannasach.

"O Riochd, a nighinn, tha fios aige ciamar a làimhsicheas e i!" arsa mo sheanmhair.

"Bidh mise agus na nigheanan a' dol a-mach a-nochd," thuirt an nighean.

"Huh," ghnòst e.

"Chan eil mi a' smaoineachadh gum bi."

"Ach, a Sheumais, thuirt mi riutha gum bi mi ann! Dè chanas mi a-nis?"

"Chan eil diù a' mhuncaidh dè chanas tu, cha bhi thu a' dol ann. Cha ghiùlain mi leat a' tighinn a-steach air mhìsg - 's e galla mhaslach a th' annad."

Rinn mi casad beag an àite rudeigin na b' fhollaisiche, agus ghluais mi beagan anns an t-suidhiche agam. An do mhothaich duine sam bith eile? Bha cluaisichean-fòin aig an duine ri mo thaobh, agus chuala mi na fuaim arda, caola de na guthan anns a' cheòl. Bha a

Èirigh Tonn air Uisge Balbh

SGEULACHD GHOIRID LE SHEENA AMOS



chasan cruinn, agus nuair a bhiodh am bus a' gluasad, bhiodh iad uaireannan a' bualadh nam chois fhèin. Bu neònach a bhith cho faisg ri chèile ach air saoghalan diofraichte. Air an taobh eile den bhus bha dithis nigheanan òga a' cabadaich, gun fhor air a' chòmhradh a bha cho tarraingeach dhomh. Co-dhiù, 's dòcha nach biodh iad gan tuigsinn. Ach, gu cinnteach bhiodh cuideigin a' mothachadh tònna a ghutha, cho cruaidh agus guineach.

"A bheil thu ag iarraidh Netflix a choimhead a-nochd, ma-thà? Thuirt Sophie gun robh rudeigin math ann mu dheidhinn..."

"Èist do bheul."

Cha robh sin ceart. Cha robh sin ceart idir. Bha mi a' dol a ràdh rudeigin. Bha feum aice air taic agus b' e feimneach a bh' annam, nach b' e? 'Canaidh mi "A bheil thu ceart gu leòr?" smaoinich mi. 'Chan eil sin ro dhoirbh. Ach 's dòcha gun canadh ise "Tha" agus às dèidh sin, dè?' Bhiodh e cunnartach, ma dh'fhaoidte, rudeigin a chantainn; am biodh na daoine eile gam chuideachadh? Cha bhiodh, smaoinich mi. Feumaidh mi rudeigin a dhèanamh, oir cha bu chòir dha bruidhinn rithe mar sin.

Shiop mi mo chòta suas agus fhuair mi mo bhaga.

"Scuse me", thuirt mi ris an duine ri mo thaobh, agus dhinn mi seachad.

Bha an dithis nan suidhe faisg air a' chùl agus dh'fhairich mi rùisgte, a' coiseachd tron bhus. Bhiodh daoine a' faighneachd dhìom carson a choisich mi suas an trannsa an àite sìos chun an dorais. Ghlac mi a sùil agus smaoinich mi gun rachainn air ais dhan t-suidhiche agam,

ach bha e ro anmoch a-nis. Nuair a bha mi na b' fhaisge, bha iongnadh orm cho tarraingeach 's a bha an dithis. Bha esan àrd, caol, le aodann gilbichte agus neo-strìochdail, agus bha e air a sgàileadh le cho fada 's a bha a chasan. Ri a thaobh, bha ise brèagha le sùilean mòra, dorcha, agus bha i air a sgeadachadh mar mhodail. Chluich i le a h-inean brèige, fhathast a' coimhead sìos.

"A bheil thu ceart gu leòr?"

Choimhead mi gu ceart oirre, a' feuchainn ri leigeil seachad a shùilean geura orm. Choimhead i suas gu slaodach, 's docha a' mothachadh a' chàinain neo 's docha a' lorg adhbhar a bhith a' smaoineachadh mu dheidhinn na freagairt.

"Ehmm... ars ise, a-nis a' coimhead air an duine ri a taobh.

'S docha nach e ach diog neo dhà a bh' ann, ach bha e a' faireachdainn mar uairean, a' feitheamh air freagairt. Bha mi air a' briseadh riaghalt a' bhaile gun a bhith bruidhinn ri srainnsearan agus cha robh spùt agam dè dh'fhaodadh tachairt. Bha mi a' bàthadh. Bha a h-uile atam nam bhodhaig a' cur ìmpidh oirre grèim fhaighinn air a' cheist agam. Gus mo shàbhaladh.

"Chan eil, chan eil mi ceart gu leòr, gu fìor," thuirt i.

Leig mi a-mach m' anail.

"A bheil thu ag iarraidh tighinn airson cupa cofaidh?" ars mise.

"Tha stad ann a' sheo."

"Tha, bhiodh sin math, taing," thuirt ise.

Chruinnich i a rudan agus choisich sinn sìos an trannsa ri chèile. Dh'fhairich mi mar threun Oilimpigeach - làidir, buadhalach. Dh'fhan am fear na shuidhe

leis a bheul fosgailte, isleachadh. Ach, cha do thachair sin.

Shiop mi mo chòta suas agus fhuair mi mo bhaga.

"Scuse me," thuirt mi ris an duine ri mo thaobh, agus dhinn mi seachad. Bha mi dall 's bodhar ris a h-uile rud, ach a-mhàin ris an dithis aig cùl a' bhus. Nach b' e sin an cothrom air an robh mi a' feitheamh? Airson sealltainn gun robh mise cudromach, làidir, nach robh mi dìreach nam neach-turais nam bheatha fhèin. Shìn mi suas an trannsa, coma de na daoine a bha a' coimhead orm. Ann an diog, bha mi air beulaibh na dithis, a' coimhead calg-dìreach na shùilean dorcha.

"Chan urrainn dhut bruidhinn rithe mar sin," thuirt mi, mo ghuth àrd ach beagan air chrith.

"Chan eil sin ceart. Leig leatha."

Choimhead e suas, agus bha beagan iongnaidh air aig an toiseach, ach bruidhinn e rium gu cruaidh.

"Bruidhinn mi mar a thogras mi," thuirt esan, gu leisgeach.

"Cò tha thu a' smaoineachadh a th' annad, a' tighinn thugam mar seo. Taigh na galla leat."

Choimhead mi timcheall a' bhus, a' feuchainn sùilean cuid eile a lorg. Bha mi a' bàthadh, gu balbhach. Bha an dithis nighean fhathast a' cabadaich, agus bha am fear leis na cluaisichean-fòin a' seasamh a dhol far a' bhus. Carson nach robh daoine eile mo mhothachadh?

"Seall," thuirt mi, a-nis a' bruidhinn ris a' bhoireannach.

"A bheil thu ceart gu leòr? A bheil thu ag iarraidh tighinn leam airson..."

"Leig leatha agus taigh na galla leat!" thuirt e, guth na b' àirde, ag èiridh bho a shuidhiche, aodann gu math faisg rium.

Choimhead mi timcheall a-rithist. Bha nighean faisg air beulaibh a' bhus. Thog i a ceann, agus ghlac mi a sùil. Fad diog, smaoinich mi gun deach tuigse eadarainn, ach thionndaidh i air ais.

"Duilich, seall, bha mi dìreach ag iarraidh..."

Às dèidh sin, bualadh agus dorchadas. Bha mo cheann gu sgàineadh. Ach, cha do thachair sin na bu mhotha.

Shiop mi mo chòta suas agus fhuair mi mo bhaga, oir bha sinn a-nis faisg air an stad agam. Bha am bus falamh ach a-mhàin mi fhèin, an dithis nighean air an taobh eile, agus an dithis aig cùl a' bhus. Smaoinich mi gun robh, gu cinnteach, càraidean aig an nighinn sin, agus gum biodh iadsan ga chuideachadh. 'S docha gun robh rudeigin eile a' dol air adhart, rudeigin ris nach robh mi an dùil. Canaidh daoine an-còmhnaidh, 'Chan eil fios agad dè tha dol air adhart ann am beatha dhaoine eile.'

Cò mise a chantainn gun robh am fear sin às a rian? Aig a' cheann thall, nam biodh rudan ro dhona, bhiodh i ga fhàgail. Gun teagamh. Choimhead mi air ais aon uair mu dheireadh. Bha esan a' coimhead a-mach air an uinneig agus bha ise a' cluich le a h-inean brèige, sàmhach eatarra. Phut mi am putan-stad agus chuala mi seirm, mar phuing-stad. Air a shocair, stad am bus le osna. ■

Bliadhna ùr air faire

ALASDAIR H. CAIMBEUL

Muir mhìreanach, lannireach, dhrithleannach, mhear
Le solas srianach, iom-sgarach a' dannta air feadh thonn is sgòth
A' glasadh, a' dubhadh is a' dathadh adhar is fonn.

Eadar suaichean is sìantan siùbhlaidh tìm is neo-thìm
Na dh'fhalbh is na thig a' luasgadh uachdar an uisge
Agus fodha an nì nach tuig sinn ach a tha nar cridhe.

Am boillsgeadh mar a chithear às dèidh stoirm
Ri fhaicinn air slìos na beinne, ro gheal air a' chreig
Mar chuimhneachan air na ghabh a' bhliadhna na làmhnan farsaing.

Làmhnan copach nan anam a' smèideadh am measg nan stuagh
Comharra bho dhoimhne dho-tuigsinn air nach ruig solas na grèine
Anns a bheil brùdar is brìgh a' snàmh còmhla mus tig iad nar measg.

A' seòladh gu bliadhn' ùir, bàta-iasgaich le toradh na Callainne
Ar dòchas agus ar dàn air an gleidheadh sna clèibh a bheirear gu tìr le làimh an iasgair.

Bàrdachd le Crìsdean MacIlleBhàin

★

Gu dearbh bidh lorg den Bheurla 'na mo Ghàidhlig,
mar an lorg air ceumnan a' mharbhaiche
a mhaireas anns an t-seòmar far an d' fhuaradh
closach 'na laighe. Bha e caoin-shuarach

thaobh poilis, rannsachaidh, geur-leanmhainn
's an lochd a choilean e cho foirfe, sgileil.
Ach co-dhiù bidh aon staing anns a' ghnothach:
chan eil a' chlosach marbh. Is urrainn dhi

mosgladh agus coiseachd. Bruidhinn cuideachd.
Chithear beag is beag gun d' fhuair i sealbh
air gach maoin a bh' aig a' mharbhaiche,
a dh'fhàsas coimheach, diofaraicht', mì-dhealbhaicht'

air a bilean is 'na dèiligeadh.
Is i toirt fianais anns a' chùirt, bidh i
àrd-labhrach, fileanta, 's cha bhi an slaightear
a' tuigsinn fiù 's càil de na tha i 'g ràdh.

★

Tha 'n cànan seo mar bhoireannach, is miann
cho anabarrach mòr air leanabh aice,
air an t-sìol fhaireachdainn a' dol an tiughad
ann an doimhne a cuim, agus an dèidh

saothair chruaidh is cràdh uile na breith
(a bha cur eagal oirre cuideachd, ged
nach b' ann gu leòr gus a mì-mhisneachadh!)
cùbhraidheachd 's maointhe a naoidhein a mhealtainn,

air cho gleadhach a ghearan is a ghul,
sinean a cìochan a' fàs teannaicht', rag
le pailteas bainne 'son a bheathachaidh -
gus na ràinig a mì-fhoighidinn

ìre 's nach robh i miarraideach a thaobh
athar, sloinnidh no eadhon ainm - rinn i
mo roghainn fhìn, 's nar dithis fhuair sinn gineal
fallain, tairbeartach is cuideachd dreachmhor.

★

“Nach bochd nach eil thu sgrìobhadh anns a' Bheurla?
An uairsin, bhitheadh d' oidhirpean a' cosnadh
cliù is aithneachaidh, 's do leabhraichean
a' gabhail 'n àite air an sgeilp ri taobh

Dickens, Thackeray is Tennyson.
B' urrainn dhut brosnachadh is sùgh a tharraing
à dualchas aig nach eil seis anns an t-saoghal
leis cho beartmhor, iol-chruthach 's a tha e.”

Ach nuair a thòisich mi a' sgrìobhadh, rinn mi
mar nuair a roghnaich mi a' chèil' a th' agam,
cha b' ann airson a beairteis no a h-inbhe
ach a chionn 's gu robh i taitneadh rium

is mise rithe, chionn 's gum b' urrainn dhomh
a sàsachadh 's a dèanamh torrach, chionn
's nach robh mi 'g iarraidh tachairt ris a' bhàs
le làimh eile 'nam làimh seach a làmh fhèin.



Crìostóir de Piondargás

'Crisis' dè an 'Crisis'?

MAOILIOS CAIMBEUL

A' choimhearsnachd a' crìonadh
's an lìonra a' fàs,
na Tweets 'dol am meud
's an cèilidh 'dol bàs.

Comann-baile, no lìonra
air Teams agus Zoom?
A' chainnt a' fàs tana
's gun bhlàths anns an rùm.

An t-slighe air adhart
dhan a' Ghàidhlig san àm?
Lìonra farsaing caol tana
's gun duine aig an fhaing.

An teine air a thasgadh
's a' chagailt gun fhàilt',
na daoine air an sgapadh
an iomadh dùthaich is àit'.

An cànan a' gluasad
gu saoghal air-loidhn',
soraiddh slàn comann-baile,
fàilt' air smèideadh is soidhn'.



Crìostóir de Piondargás

Johnson agus Johnson

MAOILIOS CAIMBEUL

An sgoilear mòr 's an tuaistear, tha co-ionannachdan ann,
ged a tha còrr agus dà cheud bliadhna gur sgaradh:

leis an aon ainm, Laideann a' sruthadh bho ur bilean,
à baile mòr na h-impireachd, thèid sibh cuairt a dh'Alba

gu na fineachan borba, a' tabhann foghlam is oilean,
a' tadhal air uaislean agus air falbh bhon ghràisg.

Cha mhòr nach deach ur bàthadh, an sgoilear
agus Bozzy ann an stoirm mòr faisg air Colla

agus an tuaistear nuair a bha e fhèin is Carrie
is Dilyn, an cù, air turas dhan Chomraich.

Tòraidhean, daoine mòra anns a h-uile seadh,
Rag-bharalach, mòrchuiseach, fèin-chùiseach,

a' dèanamh dìmeas air daoine bochda,
ged bha an sgoilear na bheachdan na bu shocaire.

Bi Modhail

CEITIDH CHAIMBEUL

Lìon caillich na suidheachain eile
nan suidhe gu dìreach is modhail.
Cnàmhan is anman a' gleadhraich
le spèiread fhaclan.
Brògan grinne a sheachnadh an t-sruth
air gach taobh an trannsa

Ginealaichean de 'bi modhail,
na cur car de ghnothaichean' -
cha robh breith-bhriathar na bu làidire
na glocail shocair, sùilean mall-rosgach
le fiamh orra, ag èisteachd ris an t-searmon ràpach.

Bu math leam rudeigin ag ràdh
ach, a-rithist, mar as àbhaist,
cha d' rinn mi dad 's mi nam shuidhe
gu dìreach is modhail mar an ceudna air a' bhus
a' speuradh gu h-os ìosail gun nèamh.

Cladh sa choille

CEITIDH CHAIMBEUL

Daoine gun chuimhne, gun iarraidh,
glaiste gu bràth ann beatha is bas.
Fulangaichean thinneasan-inntinn air fhalach
measg nan craobhan àrda,
air tìodhlacadh, taing do thairbheartach fialaidh
is gan cumail bho shealladh nan deusantach.

Fon ùir, ann an talamh neo-chosrigte,
cagar a' ghaoithe ag innse cò bh'ann,
aig sìth an-fhoiseil aig oir a' bhaile
gun tadhal charaidean no chàirdean.
A dh'aindeoin an t-suidheachaidh ghrinn ud,
's ann a tha mac-talla - pian, fearg is eagal.

Uilleam Nèill

Hugh McMillan

THIS YEAR MARKS the centenary of William Neill's birth. William Neill, born in Prestwick but resident for most of his life in Crossmichael, was an exemplary poet in all three of Scotland's languages, English, Scots and Gaelic. The first ever graduate with an Honours Degree in Celtic Studies at Edinburgh University and winner of the Bardic Crown at the 1969 National Mod, Neill viewed Gaelic as a living, vibrant language worthy and completely deserving of national, widespread support, funding and teaching. Later this year, Drunk Muse Press will publish 'The Leaves of All the Years' responses to Willie's work from a host of well known Scottish poets and writers, covering his work in all tongues.

Willie, as Angus MacMillan quotes in his excellent essay in the book on the



poem 'Map Makers' always saw himself as 'standing up for the small tongues against the big mouths' – Scots and Gaelic being 'the small tongues' threatened by the ravenous maw of English.'

I myself recently had an altercation with a real map maker who argued that the process of validating place names was a sensitive one and usually was the

result of consultation with landowners and property owners rather than colonial overwriting on the part of the cartographers. The point's the same, though: whoever was responsible erased much of the traditions of Galloway, an area rich in Gaelic heritage, where Gaelic was spoken, as Jim McGonigal says, 'far longer than Professor Wikipedia would tell us.' John Keats, for instance, in his visit to Creetown en route to Portpatrick in 1818 encounters a Gaelic speaking inhabitant and had no reason to doubt there were others. The problem with eroding place names is that you erode the history and culture that is carefully encoded in them, replacing them with nonsense names, so that, as it says in the poem, the 'the culture could not stand on solid ground'. Willie felt keenly that the extent and importance of Gaelic was consistently undermined or simply ignored, in Scotland and in Galloway. A dereliction not just of locals but by the people of Scotland itself, who had a duty to understand its integral function and place, for whom it should not be an arcane puzzle but a piece of their own

political and social DNA.

'I couldna see hou I culd possibly be a Scotsman an no ken Gaelic'.

Neill was obsessed with cultural loss and the way that it informed politics and society. We can see the Scottish 'cultural cringe' as a symptom of the way Scotland's history and culture have evolved since losing its sense of itself, its lexicon. Willie was aware of this, and steadfastly stood against it throughout his life. Of course there are countless other reasons to celebrate his poetry which was enormously erudite, skilled and humane and ranged from translations of Horace and Homer to eviscerations of the cult of Burns, but I think his unarguably justified and uncompromising stance in defence of Scotland's oldest languages was, and is, heroic. ■

'All the Leaves of the Years: Poems, Essays and Memories in William Neill's Centenary Year' edited by Hugh McMillan and Stuart Paterson will be published by Drunk Muse Press in May

CHAN EIL RO fhada bho thachair cuspair na sgeulachd-sa.

B' ann ann am Baile Mòr Ghlaschu a ghabh e àite, ann an togalach ann am meadhan a' bhaile. B' e togalach mòr a bh' ann, a b' àbhaist a bhith na cholaiste, ach tha a-nis air a roinn eadar grunn oifisean. Bha bana-Ghàidheil ag obair ann an tè dhen na oifisean. B' e Katag a b' ainm dhi.

Air an fheasgair seo, bha i ag obair annoch is i an dùil a dhol gu banais an ath latha agus cha robh i airson cus obrach fhàgail aig càch. Bha fios aice gum biodh boireannach a' tighinn a-steach gach feasgair a ghlanadh na h-oifis ged nach robh i air sealladh fhaighinn oirre riamh. Mar sin, nuair a nochd i mu leth-uair às dèidh còig, chuir Katag fàilte oirre, ach chum i oirre a sgrìobhadh.

Às dèidh greise, shaoil Katag gun robh am boireannach uamhasach sàmhach, ach bha i fhèin cho trang is nach tug i mòran aire. Co-dhiù, an ceann deich no fichead mionaid thog Katag a ceann agus chunnaic i gu robh a' bhean-ghlanaidh na suidhe ann a cathair a' mhanaidseir, toit na beul, gun ghuth air sguabadh no glanadh.

Gabh Katag seòrsa de dh'eagal ach rinn i gàire rithe agus rinn ise gàire air ais. B' e boireannach grinn a bh' innte, seacaid ghlas is blobhsa geal oirre, le ribean mealbhaid duibh ma h-amhaich. Bha cumadh àlainn air a falt agus bha brògan dubha le sàilean àrda oirre cuideachd. Bha coltas saobhreach oirre, nach fhaicte tric air tè a bhiodh a' glanadh oifisean air son a bith-beò.

Rinn iad gàire beag ri chèile a-rithist agus an uairsin, thug i an toit bho a dà bhile agus thuir i gu socair:

"Sin far am b' àbhaist do dh'Anndra a bhith na shuidhe."

"Anndra?" arsa Katag.

Chan eil ro fhada bho thachair cuspair na sgeulachd-sa.

SEANCHAS LE DOLINA NICILLFHHINNEIN



"Chan aithne dhomhsa duine seo air a bheil Anndra."

Ach, lean ise oirre:

"Bhiodh e na shuidhe 'sin, a' sgrìobhadh, is a' sgrìobhadh."

"Dè bhiodh e a' sgrìobhadh?"

"De litreachas, bàrdachd, beachdan – cò aig tha fios, ach sin far am biodh e na shuidhe."

"Eil fhios càite na thuit esan?"

"Càite na thuit e?" thuir Katag."

"Agus thall an sin ris a bhalla. Sin far am biodh Aonghas na suidhe – Aonghas

Mòr"

Rinn i lachan gàire is lean i oirre:

"Cha robh esan cho suidhichte ri Anndra – càil air aire ach spòrs is ceòl, duine fiadhaich..."

"Tha eagail orm nach eil eòlas agam air duine dhen na daoine sin," arsa Katag, ach cha robh a' bhean-ghlanaidh ag èisteachd.

"Agus thall an-siud air an oisean, sin far a robh Iain – Iain Bàn. Nan canadh tu facal ris dheàrrsadh aodann – bhiodh Aonghas an tarraing às an còmhnaidh."

"Feumaidh sibh mo leisgeul a ghabhail," thuir Katag.

"Chan eil fada..."

"Ò, bha feadhainn eile ann – bha Seumas, Cailean, Steaphan, Niall – Dè nach eil iad a' dol a dhèanamh? Mo ghràdh orra. Ach 's e Anndra a bha sònraichte. Anndra leis na sùilean tlàth. Dè 'n dùthaich anns a bheil a feur a' fàs bho do chionn-sa Anndra?"

An ceann greis, chuala Katag fuaim iuchrach ann an glas an dorais. Dh'fhosgail an doras agus nochd a' chailleach bheag-sa a-steach.

"Hello, hen, I'm a bit late the night – they buses ken, you just cairry oan – I'll no bother ye."

Thòisich i le bruisichean, peilichean, a' sguabadh is a' glanadh – port a' fead aice agus i dol man Deamhain.

Thug Katag sùil gu cathair a' mhanaidseir, ach cha robh sgeul air an tè a bha na suidhe ann, mionaidean air ais. Bhris i a-mach ann am fallas.

Cò bh' innte? Cò às a thàinig i? Càit an deach i?

Dh'fheuch i ri cuimhneachadh air ainmean nam balach – bha Anndra, Iain Mòr, Steaphan... Dh'fhaic Katag a corp a' call a lùths. Chuimhnich i gun robh i air dealbh fhaicinn ann an seann phreas, dealbh salach le lìon damhain-allaidh.

Shlaod i mach e agus ghlan i a ghlainne. Bha mu dhusan gille òg nan seasamh agus nam meadhan, bha ise – dìreach mar a bha i na suidhe anns an oifis bho chionn còig mionaidean air ais, agus sgrìobhte aig bonn an deilbh bha 'Miss Ogilvie with Final Year Boys 1939'.

Sin agad e. Seo aon dhen na sgeulachdan a th' agam – tha a' chuid as motha na mo làimh-sgrìobhaidh fhèin. Cha robh *typewriter* againn anns na 70an. ■

Concerto Cello ann an E minor; An Ucràin

MÀRTAINN MAC AN T-SAOIR

Ort an t-eallach

nighean bhòidheach òg a' chinn duibh

do bhith a chur fo gheasaibh tùrsa d' ionnsramaid

is leatha a thriall gu aghaidh aithreachas a' bhlàir

tha caoidh an cridhe gach aoin ga foillseachadh fo ealan feargach do mheòirean;

seinnear dhuinn gach smaoin nach d' labhair riamh le beul.

Ach seall, cha bhuin do bhogha iongantach do shaoghal na h-anail beò

cha mhotha sin do ghualainn shaor, do ghaoirdean lùthmhor treun.

Ort tha an t-eallach trom sgrios maireannach gach cogaidh

shealg, ann an grinneas làimhe, ann an doimhneachd cèill, leat fhèin.

Pathadh mo Dhunach

MÀRTAINN MAC AN T-SAOIR

During WW1 the women of Preston served a free buffet at the railway station to over three million soldiers and sailors travelling to and from the front. This simple act of human kindness incites this soldier to unleash much-internalised torment – irrationally, but perhaps understandably.

Chan fhàg e mi sìtheil
le mìodachd ar n-ìobairt
cha leig e beul-bruidhinn leam an-dràsta
Is ged thig gach bean fhialaidh
le tì is am blàth-bhriathran
cha chuir mise deur dhith fom chàirean.

*Tha am pathadh gam thiachadh.
Cha cheadaich e ciall dhomh
Tart e gun rian ann am Preston.*

Cha slànaich an coibhneas
an t-àmhghar is gach oillteas
a chunnaic is a chì mi sna blàraibh
cuirp shalach gun saltairt
glaodh cràidhteach am pailteas
Shluig mi an sgreach ud aig àirde.

Mo chompanaich dhileas
gan sprèadhachd nam mìltean
chan òl mi le saors' an deoch-slàinte
cha toir mi dhaibh briosgaid
air at bhuam mar niosgaid
's ann thacadh e a-rithist iad nam làthair.

Is cha ghabh mi dhaibh drùbhag
gun fhios nach b'e an ciùrradh
puinnsean olc aognaidh an ath-bhàis
is nuair a chluinneas mi a' Bheurla
a tha tiugh, cruaidh ach reusan't
Is beuglaid an deamhain i nam chnàmhan.

Is nuair thogas iad sìos mi
air falbh mar gu prìosan
cha suidh mi is cha seas mi dhaibh làidir
tha crith ann am fheòil-sa
bhom cheann chun nam meòirean
tha gonadh mo lèirsinn 's mo nàdair.

Is nuair ghabhas i mo chròg-sa
nighean shuairce mo shòlais
's ann a mhaoidheas mi oirre sa Ghàidhlig;
Taigh na Gall' ort a ghruagach
cha togar dhìom gruaimean
oir is tusa chuir às dha mo bhràthair.

Air do làmhan mìn beusail
Tha fuil is leanraich a chreuchdan
Is cha diù leam do shnuadh no do ghàire
Oir is murtair do shùilean agus biodag do shiùcar
Is cha mhilsear leotha unns' dhe mo chàil-sa.

*Tha am pathadh gam thiachadh.
Cha cheadaich e ciall dhomh
Tart e gun rian ann am Preston.*

LÈIRMHEASAN

An Ubhal as Àirde (The Highest Apple): An anthology of Scottish Gaelic literature

Air a dheasachadh le Wilson McLeod is Michael Newton (Francis Boutle)

CEITIDH CHAIMBEUL

Chuir an deicheamh leabhar den t-sreath 'The Lesser Used Languages of Europe' eachdraidh leantainneach de litreachais na Gàidhlig ri chèile, ga cumail romhainn uile gu lèir airson na ciad uarach, cha mhòr. Gu dearbh, tha cruinneachaidhean eachdraidheil air a bhith againn ron an seo, ach tha iad uile air a bhith air an stèidheachadh air measadh de dh'aon ghnè-sgrìobhaidh no a' toirt sùil air litreachas linn air leth a-mhàin. Thug tìotal den leabhar seo orm cuimhneachadh air farsaingeachd, miann-adhartais agus soirbheachas – 's e tuilleadas cudromach a th' ann airson deasbaidhean mu litreachais na Gàidhlig fad nan linntean a dh'fhalbh is san àm ri teachd.

Tha e soilleir gur e deasbad mòr a fànear dhuinn nan dèanamaid co-dhùnadh far an do thòisich litreachas na Gàidhlig agus tha mi cinnteach gu bheil feadhainn ann nach aontaicheadh leis a' bhliadhna tòiseachaidh, 600AD, chionn 's nach do nochd Gàidhlig na h-Alba mar chànan fa leth airson mìle bliadhna eile. Cha robh eòlas mòr agam air den aithris a tha seo. Chòrdadh e rium na pìosan tràtha seo fhaicinn ann an Gàidhlig an linn againne cuideachd, ri taobh nan dreachan tùsail agus na Beurla, gus am biodh tuigse nas fheàrr againn air a' chiad linn de litreachas.

'S e cualag a th' ann dìreach pìos no dhà a thaghadh bhon raon iomchaidh de dh'ùghdaran is linntean. Chaidh Newton agus McLeod fìor mhath air, leis an tagh de phìosan le ceanglaichean ri beul-aithris is eachdraidh nan Gàidheal agus a' cur cuideam air pìosan a tha aithnichte fad is farsaing. Tha sin ag adhbharachadh gu

bheil feadhainn dhaibh caran ro-innseach ('Eilean a' Cheò' le Màiri Mhòr nan Òran, mar eisimpleir) ach bidh an dàn mu dheireadh ('Rùisgte' by Marcas Mac an Tuairnear 2013) a' sealltainn dhuinn dè cho fada bho ghnè-sgrìobhaidh thraidiseanta a tha litreachas na Gàidhlig air gluasad, gus cur stoidhle diofraichte air ar beulaibh.

Gheall an ro-ràdh iongnadh a chur a h-uile duine, ge b' e de an ìre de eòlais aca air a' chuspair. Chuireadh iongnadh orm-sa le 'Deàn Cadalan Sàmhach' ga chur às leth cuid 'Gun Urra'! Sheinn mi an t-òran seo gach bliadhna aig Mòd Ionadail Loch Aillse san fharpais-òrain Iain MacMhurchaidh is le sin chaidh mi ann an cabhag dhan leabhar-liosta far an do lorg mi tòrr a bharrachd de leughadh is sgrùdadh. 'S e sin aon de na rudan as fheàrr den chruinneachadh seo – bidh e air barrachd rannsachaidh a bhrosnachadh a thaobh nan ùghdaran, theacsaichean agus linntean eachdraidh.

Tha rudeigin ann airson gach leughadair agus feumar aithneachadh cho ruigheachdail 's a tha an cruinneachadh seo. Bidh aithris sa Bheurla cuide ris na h-eadar-theangaichean airson gach pìos – rud a tha a' ciallachadh nach e leabhar ro sgoileireil no àrd-intleachdail a th' ann.

Tha McLeod agus Newton air deagh leabhar a dhèanamh, gu h-àraidh le raon-ùghdarras a' mhèinn-adhartais seo. Chaidh iad air cruinneachadh a chruthachadh a tha feumail, so-leughte agus inntinneach agus chuir iad slioghe air dòigh tro litreachas na Gàidhlig, a bheir an leughadair bho thoiseach tòiseachaidh chun an latha an-diugh. ■

An Seachdamh Tonn

Bàrdachd is Òrain le Sandaidh NicDhòmhnaill Jones (Acair)

ALISTAIR PAUL

'S gann nach eil cuspair ann nach bi a'

bhàrdachd aig Sandaidh NicDhòmhnaill Jones a' suathadh ris. 'S gann nach eil cruth bhàrdachd air nach fheuch Sandaidh, eadar seann chruthan meataireachd is dàin lèirsinneach. 'S cinnteach gur e seo aon de na h-adhbharan a thog i aire bhrìtheamhan a' Chomuinn Ghàidhealaich is gun deach urram Bàrd a' Chomuinn a bhuileachadh oirre ann an 2019. Mar thoradh air an spionnadh a thug an t-urram air a' bhàrdachd aice, thàinig an dàrna co-chruinneachadh de bhàrdachd aice 'An Seachdamh Tonn' a-mach an-uiridh.

Tha an dàn 'An Seachdamh Tonn', a chomharraicheas an urraim is a thug ainm dhan chruinneachadh, mar sluagh-ghairm dhan chòrr dhen bhàrdachd a tha sa cho-chruinneachadh is e a' brosnachadh bana-bhàird gu dànachd is dèineas. "Sgrìobh; ban-fhàidh is saoidh thu". Agus gu dearbh 's ann a tha a' bhàrdachd aice a' coileanadh a gairm. Chan eil eagal aice ro chuspair sam bith a-rèir toradh a saothrach, nam measg cuspairean a sheachnas iomadh bàrd eile, leithid tinneis, feise is bàis. Chun na h-ìre 's nach eil leisg aice ann a bhith a' toirt slaic do bhàrd cho urramaichte coisrigte – cha mhòr – ri Alasdair mac Mhaighstir Alasdair airson a' ghamhlais a nochd e do bhoireannaich ann an cuid dhen bhàrdachd aige. Ach, chan eil sin a' ciallachadh gu bheil gach dàn aice trom-chùiseach – fada uaithe – is tòrr aca a tha làn àbhachdais is aotromais. ■

Fo Bhlàth

Bàrdachd le Niall O'Gallagher (CLÀR)

ALISTAIR PAUL

Chan eil Niall O' Gallagher na shrainnsear dhomh ged nach do thachair e mi ris a-riamh. Gach feasgar, gheibh e cuireadh bhuam a thighinn a-steach dhan t-seòmair-shuidhe agam gus naidheachdan trom-chùiseach an t-saoghail a libhrigeadh mu chogadh,

bhuairleadh poiligtis is eile, mar phàirt de sgioba naidheachdan *An Là*. Ach tha fhios gu bheil riochd eile san nochd an duine, a tha a' dol calg-dhìreach an aghaidh sin is e na bhàrd. Bhon a ghlèidh Niall *Duais nan Sgrìobhadairean Ùra* ann an 2010, tha e air cliù a choisinn dha fhèin mar shàr-bhàrd le trì co-chruinneachaidhean de bhàrdachd a-nis air an clò.

Nochd am fear mu dheireadh dhiubh sin ann an 2020 fo ainm 'Fo Bhlàth'. Ainm gu math freagarrach, oir nuair a theann mi ri a leughadh, dh'fhairich mi gun robh mi a' dol a-steach gu lios-mheas torrach is gaoth bhlàth an earraich a' giùlan fàilidhean na bàidhe, a' ghaoil, dhàimhean, dualchais is fèin-aithne, tron duilleach fhaclan. Ged as ùr-nòsach a tha na cuspairean seo ris an tèid Niall an gleac sa cho-chruinneachadh, tha e gan libhrigeadh tro bhith a' cur gu feum seann chruthan bhàrdachd. Cha bheag an t-ealantas a nochdas Niall ann a bhith a' coileanadh an dùbhlain seo, a' fàgail ruitheam air an dànachd a tha taitneach ri aithris is ri chluinntinn.

'S e cosgais a' chleasa an cuingealachadh a chuireas e air briathrachas is brìgh a dh'fheumas a bhith air a fiarachadh a-steach do chruth nach eil fo smachd a' bhàird. Tha seo a' fàgail gu bheil cuid dhen bhriathrachas is lèirigeadh nas toinnte na lorgas sa chumantas ann am bàrdachd ùr. 'S dòcha nach tig sin ri càil gach leughadair ach ma tha sinn airson a bhith air ar giùlan air sruth beartach de bhàrdachd, a shìneas air ais na ceudan de bhliadhnaichean, gu domhain a-steach gu ar dualchas, 's math as fhiach an saothair.

Air an t-saoghail caochlaideach sa bheil sin beò, is a chuireas Niall far comhair gach oidhche, tha a' bhàrdachd aige mar leigheas. ■